

Bòrd MG ALBA

5/10/23

PQ/Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan, Calum MacLeòid, Marion Nic na Ceàrdaich, Iain Mac a' Mhaoilein, Rhoda NicDhòmhnaill, Ingrid NicEanraig, Ceit-Anna NicLeòid, Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)

Donnie Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)

Lisa Annette [LA] (Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach)

Kathryn NicAoidh [KN] (Neach-taic Ionmhais) airson puing 8

Uisdean MacLeòid Ceannard Oighreachd airson puing 8

Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (Rùnaire)

Mairead Màiri Mhoireach [MM] (Ceannard Sheirbheis Ghàidhlig a' BhBC) airson puingean 11-13

Iona NicRisnidh [IM] (Ceannard BBC Naidheachdan) airson puing 11

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothach dearbhte

2.1. Nochd Ingrid NicEanraig gnothach dearbhte airson puing 15.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh agus gnothaichean ag èirigh (15/6/23)

3.1. Chaidh a' gheàrr-chunntas a mholadh le Marion Nic na Ceàrdaich agus a dhaingneachadh le Rhoda NicDhòmhnaill.

4. Comataidhean

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

4.1. Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 14/9/23; agus chumar deasbad mu mholaidhean na Comataidh airson atharrachaidhean

anns na Riaghaltasan Ionmhasail agus Luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh a chur an dreuchd.

- 4.2. **Co-dhùnaidhean:** 1) dh'aontaich buill ri ùrachadh na Riaghailtean Ionmhasail agus 2) dh'aontaich buill Saffery a chur an-dreuchd mar Luchd-sgrùdaidh airson trì bliadhna.
- 4.3. **Gnìomh:** 1) thèid gluasad gu cùmhnant leis an Luchd-sgrùdaidh. **(SMD)**
Comataidh Lèirsinn
- 4.4. Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 12/9/23 agus chaidh deasbad a chumail air na prìomh chuspairean.
- 4.5. Bha còmhradh ann mun chuspair Teicneòlas agus na Meadhanan agus mu phlana leantainneachd.
- 4.6. Bha am Bòrd taiceil do seisean 'roundtable' a bhith air a chumail aig Oifisean ùra Ofcom fo ghoistidheachd na Comataidh, agus mhol iad frèam-deasbaid a bhiodh soilleir agus a leanadh gu builean sònraichte. Chaidh iomradh a thoirt air eisimpleirean Eòrpach agus an cothrom a dh'fhaodadh a bhith ann airson teicneòlas cuideachadh le iomadachd agus in-ghabhaltas. Chaidh toirt fainear do cheistean eiticeil co-cheangailte ri AI.

5. **Aithris a' Chathraiche**

- 5.1. Dh'innis an Cathraiche mu na coinneamhan, cuirmean agus tachartasan san robh e an sàs sa chairteal mu dheireadh.

6. **Aithisg an AO + SAS**

- 6.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh an-dràsta.
- 6.2. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisg an AO dhearbh am Bòrd gun do ghabh iad fainear do Aithisg an Àrd-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh.

7. **Dèanadas agus Cunntasan Q1**

- 7.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air coileantachd amasan (KPIs) a' Phlana Obrachaidh bliadhnail; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnail.
- 7.2. Chaidh deasbad coileanta a chumail mu phrìomh amasan, a' toirt a-steach gluasad gu riochdachadh ùr de na KPIs airson toiseach na h-ath bhliadhna ionmhais.
- 7.3. **Co-dhùnadh:** gabh buill fainear.
- 7.4. **Gnìomh:** bidh riochd ùr nan KPIan fa chomhair a' Bhùird sa Mhàirt 2024. **(DMD/DC)**

8. Clàr Riosgan & Frèam-obrach Dearbhaidh

- 8.1. Bha pàipear adhartais le Frèam-obrach Dearbhaidh agus Clàr nan Riosgan air beulaibh bhall.
- 8.2. **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaiche gu bheil gnìomhan gan dèanamh gus na riosgan a làimhseachadh.

9. Bile nam Meadhanan

- 9.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh mun atharrachadh (amendment) a thathas a' sireadh ann an dreachd Bile nam Meadhanan agus mu na h-oidhirpean gus taic fhaighinn airson sin aig ìre Pàrlamaid na RA.
- 9.2. Bha tuigse ann nach robh fios fhathast cuin no ma bhios Bile a' nochdadh ach gun deach obair a dhèanamh air atharrachadh a dheigheadh a chur a-steach dhan Bhile.
- 9.3. Chaidh innse gu bheil coinneamhan agus iomairtean a' leantainn le luchd-poilitigs agus luchd-ùidhe agus chaidh còmhraidh a chumail.

10. Maoineachadh na h-ama ri teachd

- 10.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh mun aithisg a thathas ag iarraidh air EY a sgrìobhadh, agus chaidh còmhraidh a chumail.
- 10.2. Bidh an dreachd aithisg fa chomhair a' Bhùird air 9/11/23.
- 10.3. **Co-dhùnadh:** dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte mu chumhaichean iomraidh na h-Aithisg.
- 10.4. **Gnìomh:** thig dreach air beulaibh bhall air Là Ro-innleachd a' Bhùird air 9/11/23. **(DC)**

11. Naidheachdan

- 11.1. Chaidh fàilte a chur air IM agus MM chun choinneimh.
- 11.2. Rinn IM taisbeanadh mun ro-innleachd didseatach aig Naidheachdan Gàidhlig a' BhBC a' dol air adhart agus às dèidh deasbad a chumail chaidh taing a nochdadh gu IM airson a làthaireachd.
- 11.3. **Co-dhùnadh:** dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte mu amasan BBC Naidheachdan gus piseach a thoirt air ro-innleachd didseatach a' BhBC airson Naidheachdan sna 3 bliadhna air thoiseach.

12. Roinn Solarachaidh

- 12.1. Bha aithisg a chaidh a choimiseanadh le MG ALBA bho *Charlotte Wilson Research Services* air beulaibh bhall. Tha an aithisg a' mìneachadh suidheachadh eaconamach roinn neo-eisimeileach na Gàidhlig.
- 12.2. Bha aithne ann gu robh seo fìor chudromach bho iomadh sheadh, agus aithne cuideachd gum bi cùmhnantan nam pasgan aig MG ALBA a' tighinn gu crìch air 30/6/24.
- 12.3. Bhathas a' sònrachadh bhon aithisg gu robh dùbhlain ann co-cheangailte ri miann, comas agus maoinachadh airson susbaint ghoirid didsiteach agus fàs eaconamach nan companaidhean.
- 12.4. Chaidh cuideachd aire a thoirt air suidheachadh sgilean agus trèanaidh.
- 12.5. Bha aithne ann nach ann air MG ALBA a-mhàin a bu chòir an t-uallach a bhith agus gu robh e riatanach gum biodh co-obraichean (collaborators) ann a dh'fhaodadh co-iomairt a dhèanamh le MG ALBA, leithid HIE agus Alba Chruthachail.
- 12.6. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte mu dhùbhlain eaconomach na roinne riochdachaidh Gàidhlig agus gum biodh molaidhean agus fuasglaidhean fo dheasbad aig a' choinneamh shònraichte air 9/11/23.
- 12.7. **Gnìomh:** thig seo air beulaibh a' Bhùird air Là Ro-innleachd a' Bhùird air 9/11/23. **(MC)**

13. Com-pàirteachas BBC ALBA - lèirmheas

- 13.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt fiosrachadh às ùr do bhuill mu adhartas le sgrùdadh com-pàirteachais BBC ALBA.
- 13.2. Sheall MM taisbeanadh, a' mìneachadh nan amasan a bha sgioba ro-innleachd a' BhBC a' moladh airson na h-ama ri teachd a thaobh leasachadh seirbheis, le aithne nach robh cothrom fhathast aig oifigearan MG ALBA beachd a ghabhail orra.
- 13.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail agus an dèidh do bhuill bruidhinn mun chom-pàirteachas bha buill aontaichte gu robh an tuilleadh còmhradh a dhìth.
- 13.4. **Gnìomh:** 1) thèid litir gu Cathraiche Comataidh Alba BBC Scotland gus cothrom coinneachadh ris a' Chomataidh a dh'aithghearr, agus airson riochdachadh MG ALBA a thoirt a-steach mar phàirt chunbhalach de chlàr-gnothaich na Comataidh **(DC)** agus 2) thig pàipear chun Bhùird air Là Ro-innleachd a' Bhùird air 9/11/23. **(DC)**

14. Là Ro-innleachd a' Bhùird

- 14.1. Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

- 14.2. Bha buill riarachtaichte gur ann air 1) slighe air adhart do MG ALBA gu ro-innleachdail (a' toirt a-steach aithisg EY); 2) daoine agus gu h-àraid planadh leantainneach agus 3) amas, ionmhas agus comas na roinne riochdachaidh neo-eisimeileach, a thuilleadh air nithean eile a chaidh a thogail ann an coinneamh an là an-diugh, a bhiodh clàr an là stèidhichte.
- 14.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad air molaidhean a thabhann airson ullachadh a dhèanamh airson coinneamh an 9/11/23.
- 14.4. **Gnìomh:** thig pàipear ro-innleachdail a dheasachadh airson an là. (DC)

15. Ùghdarras – Cèilidh na Bliadhn' Ùire

- 15.1. Sheas Ingrid NicEanraig a-mach às an rùm airson na puing seo.
- 15.2. Choimhead am Bòrd air iarrtas airson an ùghdarras aca a thoirt seachad fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 airson prògraman seachad air £100,000 san uair.
- 15.3. Bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh gun toir am Bòrd seachad ùghdarras airson £[fios glèidhte] a chosg air coimisean airson "Cèilidh na Bliadhn' Ùire 2023", prògram de 1 x 120 mionaidean air a riochdachadh leis a' BhBC.
- 15.4. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail, agus an dèidh do bhuill comhairle a thabhann, thug am Bòrd ùghdarras seachad fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2.

16. Pannal Rannsachaidh

- 16.1. Bha pàipear air beulaibh bhall ag innse gun deach MG ALBA a-mach gu tagradh airson seirbheisean rannsachaidh le ceann-là airson tagraidhean air 30/6/23. Bha aon thagraiche - TRP Research - ann is chaidh sinn air adhart leis an tagradh aca airson 3 bliadhna +1. Bidh a' chùmhnaidh ùr a' tòiseachadh air 2/10/23.
- 16.2. **Co-dhùnadh:** chaidh seo a chomharrachadh le buill.

17. Plana Obrachaidh 2023/24

- 17.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le fios le fios ghoirid mu phlana na bliadhna seo.
- 17.2. Bha aire bhall air a thoirt gun d' thàinig àrdachadh ann an cosgaisean Rannsachadh agus PR às dèidh pròiseas tagraidh agus gur docha gum biodh àrdachadh ri fhaicinn ann an cosgaisean HR, comhairleachaidh, lagh agus siubhal.
- 17.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte mu shuidheachadh a' Phlana Obrachaidh.

17.4. **Gnìomh:** thig *Forecast* gu coinneamh a' Bhùird air 30/11/23. (DC)

18. Net Zero

18.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh a thaobh faighinn gu Net Zero.

18.2. Chaidh innse gu bheil a-nis "Green Team" agus Curaidh (Champion) aig MG ALBA.

18.3. Chaidh innse gu bheileas ag obair gu ruige plana trì-phàirt, le modail ga thogail airson a bhith a' glacadh dàta gu cunbhalach agus a bhith a' sealltainn adhartais a dh'ionnsaigh thargaidean aithnichte agus aontaichte leis a' Bhòrd.

18.4. **Co-dhùnadh:** dhearbh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus taiceil don mholadh airson slighe gu Net Zero a dhealbhadh.

18.5. **Gnìomh:** thig plana Slighe gu Net Zero chun Bhùird sa Mhàrt 2024. (DC)

19. Luchd-ùidhe

19.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air tachartasan san àm ri teachd.

19.2. **Co-dhùnadh:** ghabh am Bòrd fainear.

19.3. **Gnìomh:** thèid cuireadh gu Ball Bòrd a' BhBC, a thuilleadh air luchd-poilitigs bho dhiofar Phàrtaidhean, gu Na Trads. (MAMI)

20. GISBE

20.1. Chaidh innse gun d' thàinig cùmhnant HR le Orbit Agency gu crìch. An dèidh pròiseas tagraidh, chaidh Arena HR an suidheachadh mar Chomhairlichean HR na buidhne.

21. **Deit na h-ath choinneimh** - 30/11/23, Glaschu